



## Tìotal: Dàimhean gaoil agus romansach

### Pàirt 4: Feartan cèile agus a' bruidhinn mu dhàimhean

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

#### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' faighinn spèis agus a' toirt spèis do dhaoine tro dhàimhean, agus 's urrainn dhomh innse carson. HWB 4-44a</p> <p>Tha mi a' tuigsinn cudromachd agus feum air dealas, earbsa agus spèis ann an dàimhean gràdhach agus gnèitheasach. Tha mi a' tuigsinn nan diofar cho-theacsan co-cheangailte ri dàimhean mar sin, nam measg pòsadh. HWB 4-44c</p> <p>Tha mi a' leasachadh sgilean airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu na dàimhean agam agus mo ghiùlan gnèitheasach. Is urrainn dhomh iad sin a chur an sàs ann an suidheachaidhean a dh'fhaodadh a bhith dùbhlach no duilich. HWB 4-46c</p> <p>Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo cho-dhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Dearbhadh carson a tha dealas, earbsa agus spèis aig teis meadhan a bhith fo chùram agus cùram do chàch.</li> <li>• Mineachadh cudromachd luachan is amasan co-roinnte ann an cumail suas dhàimhean gràdhach agus gnèitheasach, mar eisimpleir, spèis do chàch-a-chèile, aonta mu fheise.</li> <li>• Taisbeanadh nan sgilean a tha a dhìth airson suidheachaidhean dùbhlach a làimhseachadh taobh a-staigh dhàimhean, a' gabhail a-steach dhàimhean feiseil, mar eisimpleir, co-rèiteachadh, co-fhaireachdainn, dearbhachd.</li> </ul>

#### Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoine 'òga cho cudromach 's a tha cùram dhaibh fhèin agus do dhaoine eile ann an dàimhean.
- Gun tuig daoine 'òga gum faod dàimhean inbheach pòsadh, compàirteachas sìobhalta agus fuireach còmhla a ghabhail a-steach.
- Gun aidich daoine 'òga na cuideaman a th' orra gus a bhith ann an dàimhean.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu cho cudromach 's a tha conaltradh, firinn agus earbsa ann an dàimhean.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mun t-seòrsa cèile a dh'iarraibh, agus mu na bheirinnn-sa chun na dàimh.
- Tha mi a' tuigsinn gum faod inbhich a bhith pòsta, ann an dàimh shìobhalta no a' fuireach còmhla.
- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus co-dhùnaidhean a ruighinn mu na dàimhean a tha mi ag iarraidh.

#### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Prop: Cùrsa do phàrantan agus luchd-cùraim mu dhàimhean dheugairean.

#### Obair

1. Mar thois each tòiseachaidh, ruith thairis air na rinn iad thuige seo sa bhloc ionnsachaidh, còmhla ris na loidhnichean: Tha daoine' òga air sgrùdadh a dhèanamh air na tha gaol a' ciallachadh; air bruidhinn air mar a bhios cupallan a' cur romhpa fuireach còmhla, pòsadh no a dhol an sàs ann an compàirteachas sìobhalta. An uair sin bhruidhinn iad air na rudan a tha cudromach airson 's gun obraich dàimh: conaltradh, firinn agus earbsa.
2. Inns dhan bhuidheann mu obair an latha an-diugh, mìnich airson leantainn oirnn leis a' chuspair **Dàimhean gaoil agus romansach** gum bi an clas/a' bhuidheann a' smaoin eachadh mu na dh'iarraidh iad bho chèile. Airson tòiseachadh, feumaidh gach neach pìos pàipeir agus ann an dithis, tòisichibh liosta leis an tiotal **Nam bithinn-sa ann an dàimh còmhla ri neach eile, dh'iarraidh cuideigin a tha ... iarr orra liosta a dhèanamh, liosta air a bheil iad ag aontachadh, le feartan fa leth sgrìobhte aig an taobh mura h-eil iad ag aontachadh air rud. Airson tòiseachadh, dh'fhaodadh tu eisimpleir a thoirt dhaibh me: comas gàire.**
3. Iarr fios-air-ais san fharsaingeachd – an robhar ag aontachadh air tòrr? Eas-aonta ann am beachdan? Mìnich gu bheil tòrr **rannsachadh saidhceòlachail a' comharrachadh fheartan sònraichte a tha math ann an cèile**. Nuair a tha thu a' sealltainn nan 3 slaighdean a leanas (air a bheil 16 feartan), iarr air na daoine' òga comharra a chur ri taobh feart sam bith a tha a' maidseadh air na liostaichean aca. Dh'fhaodar còmhradh a bhrosnachadh leis na promtaichean seo: Cia mheud maids a bh' agad? Nur measg gu lèir, dè am feart as trice a thathar a' miannachadh? A bheil sìon eile ann a tha daoine airson a chur air an liost nach eil a' nochdadh?
4. Iarr air na daoine' òga coimhead air na liostaichean aca agus obrachadh nan dithisean a-rithist agus – leis an slaighd promtaidh a' cur na ceist: **Ceart, ach dè na 5 feartan a bheirinn-sa gu dàimh?** Às dèidh beagan còmhraidh, iarr air neach sam bith a tha deònach, na feartan acasan innse do chàch.
5. Airson a' phàirt mu dheireadh dhen leasan, thoir a-steach a' chùis **a' bruidhinn mu dhàimhean aig an taigh**. Tòisich le còmhradh mar aon bhuidheann. Ag iarraidh fios-air-ais (mar as àbhaist bho dhaoine gu saor-thoileach) timcheall air na ceistean prompt air an slaighd:

### **A' bruidhinn mu dhàimhean aig an taigh**

Am bi thu a' bruidhinn ri duine aig an taigh mu dhàimhean? Pàrant no neach-cùraim? 'S dòcha bràthair no piùthar nas sine? Antaidh no uncail?

Ma bhitheas, carson iadsan, dè na feartan a th' aca?

Dè tha thu a' smaoin eachadh a tha a' cur bacadh air daoine' òga bho bhith a' bruidhinn ri pàrantan no luchd-cùraim mu dhàimhean?

6. Cuir dùbhlàn mu choinneamh nan daoine' òga mar bhuidhnean beaga no dithisean: Nam biodh pàrantan agus luchd-cùraim a' dol air cùrsa mu dhàimhean dheugairean: Dè dh'fheumadh iad ionnsachadh? Dè dh'fheumas iad fàs nas fheàrr air a dhèanamh? Thoir seachad am prop: **Cùrsa do phàrantan mu dhàimhean dheugairean**. Air ais ann an aon bhuidheann, faigh fios-air-ais agus brosnach còmhradh.
7. Cuir an cuimhne a' chlas/bhuidheann gu bheil iad air a bhith a' dèanamh tòrr smaoin eachaidh mu dhàimhean, mu fheartan de dheagh dhàimh agus deagh chèile. Mìnich gu bheil smaoin eachadh mu bhith a' bruidhinn ri cuideigin aig an taigh a' cur nar cuimhne gu bheil e uaireannan math a bhith a' bruidhinn, nuair a tha thu toilichte agus nuair a tha iomagain ort. Aidich, ged a bhiodh na daoine' òga a' smaoin eachadh nach tuig cuideigin aig an taigh, 's dòcha gun dèan iad oidhirp cho math 's as

urrainn dhaibh. Cuir an cuimhne nan daoin' òga gum faod iad bruidhinn riutsa. Agus gur e daoine dhen aois acasan as motha a bhios a' cleachdadh Childline. Theirig air-loidhne gu [www.childline.org.uk/](http://www.childline.org.uk/) airson tuilleadh mu dhàimhean. Ma tha ùine ann, iarr air na daoin' òga na fònaichean/tablaidean aca a chleachdadh airson sgrùdadh a dhèanamh air fiosrachadh agus comhairle ChildLine.

### Beachdan eile

- *Lost in the Game: A Musical Story of Relationships, Sex and Gender Politics* <https://vimeo.com/138636169> Musical 10 mionaidean a dh'fhaid le oileanaich às na Stàitean Aonaichte a dh'fhaodadh còrdadh ris a' chlas/bhuidheann agus a bhrosnaicheas còmhraidh.

### Ceangal ris an dachaigh

- Tha earrann goirid an cois an leasain **Gaol** a dh'fhaodar a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun bhloc ionnsachaidh seo air dàimhean gaol agus romansach.

### Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn ceangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Gaol
- A' fuireach còmhla, Pòsadh agus Compàirteachasan Siobhalta
- Ciamar a bhios dàimhean ag obair?

### Nòtaichean Tidseir

